



SGEULACHDAN AN TILLEY NA H-ÒRAIN

Uamh an Òir

Mun till mise, mun ruig mise,
Mun till mis' à uamh an òir
Mun till mise, mun ruig mise,
Mun till mis' à uamh an òir

Bidh na minn bheaga nan gobhar chreagach
Mun till mis' à uamh an òir
Bidh na minn bheaga nan gobhar chreagach
Mun till mis' à uamh an òir

Geala Bhodaich sa Bheinn Duibh

Geala bhodaich sa bheinn duibh,
geala bhodaich as a' bheinn,
Geala bhodaich sa bheinn duibh,
bodaich dhubha bha sa bheinn;
Geala bhodaich sa bheinn duibh,
geala bhodaich as a' bheinn,
Geala bhodaich sa bheinn duibh,
bodaich dhubha bha sa bheinn

Bodaich dhubha, dhubha, dhubha,
bodaich dhubha bha sa bheinn,
Bodaich dhubha, dhubha, dhubha,
bodaich dhubha bha sa bheinn;
Bodaich dhubha, dhubha, dhubha,
bodaich dhubha bha sa bheinn,
Geala bhodaich sa bheinn odhair,
bodaich dhubha bha sa bheinn

B' fheàrr leam fhìn gum beireadh an tèile

B' fheàrr leam fhìn gum beireadh an tèile,
'N tèile dhe na h-eireagan;
B' fheàrr leam fhìn gum beireadh an tèile
Dh'eireagan Shlèit' a-màireach. [x2]

Gheibheadh tu fhèin, a ghaoil, an t-ugh,
Gheibheadh tu fhèin, a ghràidh, an t-ugh,
Gheibheadh tu fhèin, a ghaoil, an t-ugh
Nam beireadh na h-eireagan bàna. [x2]